

Cabadaich Còmhla



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Èist, coimhead is freagair mi.

Chan urrainn dhomh bruidhinn fhathast,
ach tha tòrr agam ri innse dhut.

Thoir an aire dham fhiamhan-aghaidh,
fuaimean is gluasadan gus faighinn a-mach
ciamar a tha mi a' faireachdainn no dè a
dh'fheumas mi.

Cuidich mi a sheatlaigeadh le tàladh ciùineachaidh no
bruidhinn rium air dè tha mi a' dèanamh.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an
gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/zmkb5mvy>



Cabadaich Còmhla

Cleachd guth ceòlmhor



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

'S urrainn dhomh do ghuth aithneachadh mus beirear mi. Tha e gam chuideachadh a bhith toilichte is faireachdainn sàbhailte nuair a tha amannan sàmhach againn airson cabadaich, seinn, no innse sgeulachdan dhomh.

Cuidich mi m' aire a thoirt le bhith a' cleachdadh guth ceòlmhor a tha a' dol suas is sìos.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/3s2zn583>



Cabadaich Còmhla



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

'S e aghaidh ri aghaidh an t-àite as fheàrr dhuinn

Bidh aig ìre mo shùilean gus mo chuideachadh d' fhaicinn, is gus am faic thu ciamar a tha mi a' faireachdainn.

Cleachd fiamhan-gàire is guth socair gus m' aire a chumail. Ma dh'fhaodte gun coimhead mi air falbh, ach tha sin ceart gu leòr, thig mi air ais.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/bdctcz3x>



Cabadaich Còmhla



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

**Dèan atharrais air na fuaimean,
aghaidhean èibhinn is gluasadan agam.**

Nuair a nì thu atharrais orm, bidh mi a' mothachadh gu bheil thu ag èisteachd is gu bheil thu airson a' chòmhradh a chumail a' dol.

'S fhìor toil leam e nuair a bheir thu orm gàireachdaich le bhith a' dèanamh atharrais air mo ghluasadan is gluganan, is an uair sin a' stad gus leigeil leam turas eile a ghabhail.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/nhd3tbjj>

